

## Brath-ullachaidh don Chomataidh Athchuingean Poblach

Àireamh athchuinge: [PE1795](#)

**Prìomh Athchuingiche:** Màrtainn Mac a' Bhàillidh às leth Misneachd

**Cuspair:** Maoineachadh do Spòrs Gàidhlig

Airson gun iarr Pàrlamaid na h-Alba air Riaghaltas na h-Alba coinneachadh ri Bòrd na Gàidhlig a bhruidhinn mu mhaoineachadh seasmhach nas fhaide-ùine do Spòrs Gàidhlig, iomairt shòisealta a' libhrigeadh ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh do dh'òigridh tro mheadhan na Gàidhlig.

### Ro-ràdh

Chaidh innse san Dàmhair 2019, gu robh Spòrs Gàidhlig air 18 mìosan de mhaoineachadh fhaighinn. Thuirt fios naidheachd bho Spòrs Gàidhlig:

“Bha eagal ann gum feumadh an t-seirbheis dùnadh, le dithis luchd-obrach a' call an cosnaidhean, leis nach robh reic air fàs cho luath 's a bha dùil an toiseach.

“Tha am pasgan maoineachaidh ùr luach £45,000 bho Bhòrd na Gàidhlig a' ciallachadh gun urrainn do Spòrs Gàidhlig cumail a' dol airson co-dhiù an ath 18 mìosan, agus rè na h-ùine sin thathas an dòchas gun gabh barrachd sgoiltean is phàrantan ris na cothroman a tha rim faighinn.”

Tha fios-naidheachd agus aithris le Bòrd na Gàidhlig rim faighinn ann an eàrr-ràdh ris a' bhrath-ullachaidh seo.

Tha an còrr den bhrath-ullachaidh seo mu Bhòrd na Gàidhlig agus Spòrs Gàidhlig.

### Bòrd na Gàidhlig

Tha Bòrd na Gàidhlig na bhuidheann ghnìomhach phoblach neo-roinneil, cunntachail, tro Mhinistearan, do Phàrlamaid na h-Alba. Air a stèidheachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, is e am Bòrd a' phrìomh bhuidheann phoblach ann an Alba le uallach airson leasachadh Gàidhlig adhartachadh agus comhairle a thoirt do Mhinistearan na h-Alba air cùisean Gàidhlig.

Bidh an sgioba taic aig Riaghaltas na h-Alba a' conaltradh gu cunbhalach ris a' Bhòrd.

Tha Achd 2005 (s.1) ag ullachadh airson gnìomhan coitcheann a' Bhùird mar a leanas:

(a) adhartachadh, agus comasachadh adhartachadh —

(i) cleachdadh agus tuigse na Gàidhlig, agus

(ii) foghlam Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig,

(b) a' toirt comhairle (air iarrtas no nuair a tha iad ga mheas iomchaidh) do Mhinistearan na h-Alba, buidhnean poblach agus daoine eile a tha ri gnìomhan poblach, air cùisean a' buntainn ris a' Ghàidhlig, foghlam Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig,

(c) a' toirt comhairle (air iarrtas) do dhaoine eile air cùisean a' buntainn ris a' Ghàidhlig, foghlam Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig,

(d) a' dearcnachadh agus a' toirt cunntas do Mhinistearan na h-Alba air buileachadh a' Chùmhnaint Eòrpaich airson Chànanan Roinneil no Mion-chànanan, ceann-latha 5 Samhain 1992, a thaobh na Gàidhlig.

Tha an Achd a' mìneachadh gum feumar na gnìomhan sin a choileanadh le sùil ri, “daingneachadh inbhe na Gàidhlig mar chànan oifigeil na h-Alba aig a bheil spèis cho-ionnan ris a' Bheurla”. Bu chòir don Bhòrd seo a dhèanamh le:

(a) meudachadh an àireamh dhaoine a tha comasach air a' Ghàidhlig a chleachdadh agus a thuigsinn,

(b) brosnachadh cleachdadh agus tuigse na Gàidhlig, agus

(c) comasachadh ruigsinneachd, ann an Alba agus an àiteachan eile, air a' Ghàidhlig agus cultar Gàidhlig.

### ***Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig***

Tha dleastanas air a' Bhòrd (a.2 den Achd) plana nàiseanta Gàidhlig ullachadh a bhios a' mìneachadh mar a choileanas e a dhleastanasan reachdail. Tha am Plana làithreach a' buntainn ris an ùine 2018-2023.

Mhìnich am Plana amas a' Bhùird, “gun tèid Gàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann am barrachd shuidheachaidhean”. Tha seo air a bhriseadh sìos fo thrì cinn: a' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig; a' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig; agus a' cur deagh iomhaigh air adhart airson na Gàidhlig. Is dòcha gur e an dàrna ceann as buntainnich a thaobh na h-athchuinge seo. Fon cheann sin, tha am Plana a' comharrachadh nam prìomhachasan a leanas:

- Gàidhlig san teaghlach

- A' trusadh, a' gleidheadh, a' trèanadh agus a' solarachadh luchd-obrach airson Foghlam tron Ghàidhlig
- Goireasan agus taic airson ionnsachadh
- Gàidhlig ann an Ionnsachadh Tràth-bhliadhnaichean agus Cùram-chloinne (ELC)
- Foghlam meadhan Gàidhlig (GME) ann am bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean
- Foghlam luchd-ionnsachaidh Gàidhlig (GLE) ann am bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean
- Gàidhlig ann am Foghlam Àrd-ìre agus Foghlam Adhartach
- Ionnsachadh na Gàidhlig do dh'inbhich

Is e am pròiseas reachdail airson Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig gum bi am Bòrd a' co-chomhairleachadh agus an uair sin ag ullachadh plana a tha air aontachadh le Riaghaltas na h-Alba.

### ***Buidseat agus maoinachadh***

Aig àm sgrìobhaidh, bha Buidseat 2020-21 air £5.125m a riarachadh gu sealach, àrdachadh beag a thaobh airgid bho 2019-20 nuair a bha am buidseat £5.100m. Faodaidh am Bòrd beagan teachd-a-steach fhaighinn bho stòran eile.

Bidh am Bòrd a' sgaoileadh airgead gu buidhnean airson a' Ghàidhlig a leasachadh. Tha am Bòrd a' toirt taic do 11 com-pàirtiche libhrigidh.

Tha [làrach-lìn a' Bhùird](#) an-dràsta a' comharrachadh nan stòrasan airgid a bharrachd a leanas, dom faodar tagradh a chur a-steach:

- **Tabhartasan Foghlam Gàidhlig 2019/20**  
Taic do dhaoine fa-leth a tha ag obair a dh'ionnsaigh dreuchd ann an teagasg Gàidhlig no tidsearan tro mheadhan na Gàidhlig a tha airson na sgilean proifeasanta aca a leasachadh. B' e an ceann-latha airson tagraidhean 6 Sultain 2019.
- **Tabhartasan Foghlam Tràth-bhliadhnaichean 2019/20**  
Taic do bhuidhnean tràth-bhliadhnaichean saor-thoileach a bheir taic do phàrantan, teaghlaichean agus clann aois 0-5 bliadhna, gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh agus a mheudachadh, agus leantainneachd a bhrosnachadh gu foghlam Gàidhlig. B' e 14 Ògmhios 2019 an ceann-latha airson tagraidhean.
- **Stòras Ealain Gàidhlig 2018-19**  
B' e 28 Sultain 2018 an ceann-latha airson tagraidhean.
- **Taic Freumhan Coimhearsnachd 2020/21**  
Taic do bhuidhnean coimhearsnachd gus pròiseactan a ghabhail os làimh a dh'ionnsaigh coileanadh Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig. B' e an ceann-latha airson tagraidhean 21 Faoilleach 2020.
- **Stòras Buileachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF) 2020/21**  
Taic do dh'ùghdarrasan poblach ann a bhith a' libhrigeadh gheallaidhean anns na Planaichean Gàidhlig aca, agus a' toirt taic do

phlana cànan nàiseanta na Gàidhlig. Is e an ceann-latha airson tagraidhean 16 Giblean 2020.

- **Colmille 2020/21**

Tha sgeama Cholmille air a ruith le Bòrd na Gàidhlig agus Foras na Gaeilge gus iomlaid chultarail a bhrosnachadh eadar Alba agus Èirinn, agus gu sònraichte na cànanan Gàidhlig agus Gaeilge. B' e 20 Gearran 2020 an ceann-latha airson tagraidhean.

Thog aithisg Sgrùdadh Alba 2018/19 [Sgrùdadh Bhòrd na Gàidhlig: Riaghladh is Follaiseachd](#), grunn chùisean dragh a thaobh riaghladh is follaiseachd agus fhuir iad, am measg rudan eile:

“Cha deach beachdachadh an robh maoinachadh tabhartais leantainneach do bhuidhnean a’ cur ri amasan ro-innleachdail a’ Bhùird agus mar sin a’ faighinn luach an airgid.”

## Spòrs Gàidhlig

Tha Spòrs Gàidhlig na phàirt de [Chomunn na Gàidhlig](#) a bhios a’ libhrigeadh obair òigridh is coimhearsnachd nas fharsainge air feadh na h-Alba ged a tha e ag obair mar chompanaidh air leth. Tha Comunn na Gàidhlig mar aon de na 11 com-pàirtichean libhrigidh aig a’ Bhòrd a gheibh maoinachadh air leth bhon Bhòrd.

Air làrach-lìn Spòrs Gàidhlig, tha iad ag ràdh mun deidhinn fhèin:

“Tha Spòrs Gàidhlig na iomairt shòisealta a tha ag obair air feadh na h-Alba a’ cruthachadh chothroman do dhaoine òga a bhith a’ cleachdadh agus ag ionnsachadh mun Ghàidhlig ann an suidheachadh spòrsail, misneachail agus taiceil. Bidh sinn a’ tabhann ghnìomhan a-muigh, campaichean còmhnaidh, prògraman foghlaim agus tachartasan.

“Is urrainn dhuinn raon de ghnìomhachd a-muigh, prògraman foghlaim agus tachartasan sònraichte a thoirt seachad. Tha fèill mhòr air na campaichean còmhnaidh againn agus tha iad a’ toirt cothrom do dhaoine òga a dhol an sàs ann an gnìomhachd agus coinneachadh ri caraidean ùra.

“Bidh sinn a’ frithealadh ri daoine òga aig a bheil Gàidhlig, iadsan a tha ag ionnsachadh agus cuideachd iadsan aig nach eil eòlas air a’ chànan.”

**Ned Sharratt**  
**Àrd-luchd-rannsachaidh**  
**5 Màrt 2020**

Chan urrainn do dh’ eòlaichean rannsachaidh SPICe susbaint brathan-ullachaidh athchuingean a dheasbad le athchuingichean no buill eile den phoball. Ach, ma tha beachdan sam bith agad mu bhrath-ullachaidh
---

athchuinge sam bith faodaidh tu post-d a chur thugainn aig [spice@parliament.scot](mailto:spice@parliament.scot)

Thathar a' dèanamh a h-uile oidhirp a bhith cinnteach gu bheil am fiosrachadh a tha ann am brathan-ullachaidh athchuingean ceart aig àm foillseachaidh. Bu chòir do luchd-leughaidh a bhith mothachail ge-tà gur mathaid nach tèid brathan-ullachaidh ùrachadh no atharrachadh ann an dòigh eile gus atharrachaidhean sam bith a thachras às dèidh an sgrìobhaidh a nochdadh.

Air fhoillseachadh le Ionad Fiosrachaidh Phàrlamaid na h-Alba (SPICe), oifis Buidheann Chorporra Phàrlamaid na h-Alba, Pàrlamaid na h-Alba, Dùn Èideann, EH99 1SP

### Aithrisean mheadhanan

#### Aithris mheadhanan Spòrs Gàidhlig, 31 Dàmhair 2019

##### *‘Spòrs Gàidhlig’ gus cumail a’ dol*

Tha an t-seirbheis tionnsgalach ‘Spòrs Gàidhlig’, a bhios a’ toirt seachad gnìomhan a-muigh sa Ghàidhlig, gu bhith a’ cumail a’ dol às dèidh do Bhòrd na Gàidhlig innse gun toireadh iad taic maoineachaidh a bharrachd dhaibh.

Bha dragh ann gum feumadh an t-seirbheis dùnadh, le dithis luchd-obrach a’ call an cosnaidhean, leis nach robh reic air fàs cho luath ’s a bhathar an dùil an toiseach.

Tha am pasgan maoineachaidh ùr de £45,000 bho Bhòrd na Gàidhlig a’ ciallachadh gun urrainn do Spòrs Gàidhlig cumail a’ dol airson co-dhiù 18 mìosan, agus rè na h-ùine sin thathar an dòchas gun gabh barrachd sgoiltean is phàrantan ris na cothroman a tha rim faighinn.

Tha Spòrs Gàidhlig na sheirbheis a chaidh a chruthachadh leis a’ chompanaidh leasachaidh òigridh is coimhearsnachd Comunn na Gàidhlig (CnaG). Thuirt Àrd-oifigear CnaG, Dòmhnall MacNèill: “Tha sinn air leth toilichte gun do ràinig sinn aonta le Bòrd na Gàidhlig, gus an taic a bharrachd seo fhaighinn. Tha sinn air a bhith ag obair air an t-seirbheis seo fad ceithir no còig bliadhna, agus tha sinn cho cinnteach a-nis ’s a bha sinn an toiseach mu luach na seirbheis seo – a tha a’ cumail taic ri leasachadh cànan, sòisealta agus corporra na h-òigridh.

“Tha an taic ùr seo bho Bhòrd na Gàidhlig na pàirt dheatamach den phasgan maoineachaidh againn, ach feumaidh sinn £120,000 a thoirt a-steach tro reic thairis air an ath 18 mìos gus am bi an t-seirbheis seasmhach san fhad-ùine. Bidh seo dùbhlach, ach tha sinn dòchasach mar thoradh air an adhartas a rinn sinn mar-thà agus mar thoradh air na tairgsean taice a fhuair sinn air na meadhanan sòisealta bho phàrantan agus sgoiltean.”

Thuirt Shona NicIlinnein, Ceannard Bhòrd na Gàidhlig: “Tha Bòrd na Gàidhlig air taic a thoirt do Spòrs Gàidhlig bho thòisich e agus tha sinn air leth toilichte taic a chumail ris airson nan ath 18 mìosan. Tha spòrs a’ cur gu mòr ri cleachdadh na Gàidhlig, agus mar sin tha sinn a’ coimhead air adhart ri bhith ag obair còmhla ri Comunn na Gàidhlig, com-pàirtichean maoineachaidh eile, agus le pàrantan agus sgoiltean gus an lean an t-seirbheis seo agus gus an soirbhich leis.”

Air a stèidheachadh gu foirmeil ann an 2017, tha fòcas Spòrs Gàidhlig air a bhith air trèanadh sgioba beag de luchd-oideachaidh Gàidhlig ann an grunn gnìomhan a-muigh. Leis na teisteanasan sin, agus leis gun d’ fhuair e teisteanasan riatanach AALA (Buidheann Barantachaidh Ghnìomhan Dàna)

ann an 2018, dh'fhaodadh an sgioba tòiseachadh a' libhrigeadh sheiseanan gnìomhachd a-muigh anns a' Ghàidhlig – gu sònraichte do sgoiltean, ach cuideachd tro bhith a' cur rudan air dòigh do phàrantan fa leth no do bhuidhnean de phàrantan.

Tha farsaingeachd de gnìomhan gan toirt seachad, bho shreap gu claiseachd, bùird pleadhaig SUP gu sligheadaireachd, sgilean bith beò, no tursan duais Diùc Dhùn Èideann. Tha iad sin uile air an libhrigeadh tron Ghàidhlig – a' cuideachadh le ionnsachadh cànan nan sgoilearan a th' ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG). Ann an com-pàirteachas làidir le Loidse a' Ghlinne Mhòir, an t-ionad nàiseanta airson trèanadh a-muigh aig sportsotland faisg air an Aghaidh Mhòir, tha e air a bhith comasach tursan còmhnaidh àrd-inbhe a libhrigeadh do sgoilearan FtG cuideachd.

Thuir Manaidsear Spòrs Gàidhlig, Dòmhnall Morris: “S e naidheachd sgoinneil a th' ann gur urrainn dhuinn leantainn oirnn airson nan ath 18 mìosan. Tha sinn air leth taingeil airson nan litrichean agus nam beachdan taiceil a fhuair sinn bho phàrantan agus feadhainn eile nuair a bha Spòrs Gàidhlig ann an cunnart dùnaidh. Thug e togail dhan luchd-obrach gun robh meas mòr aig daoine air ar cuid obrach agus thug e misneachd mhòr dhuinn gus cumail oirnn leis na h-oidhirpean againn.

“Is e an dùbhlán a th' againn a-nis an taic seo a thionndadh gu clàraidhean airson nam mìosan a tha romhainn, agus tha planaichean làidir againn mar-thà gus tadhal air sgoiltean agus buidhnean phàrant gus na cothroman agus na gnìomhan as urrainn dhuinn a libhrigeadh a mhìneachadh agus tòiseachadh air clàraidhean a chur air a' mhìosachan againn.

“Mholamaid do sgoil, no do bhuidheann phàrant sam bith a tha ag iarraidh barrachd fhaighinn a-mach fios a chur thugainn.”

## **Aithis bho Bhòrd na Gàidhlig air Spòrs Gàidhlig 23 Sultain 2019<sup>1</sup>**

Thuir neach-labhairt bho Bhòrd na Gàidhlig: Tha am pròiseact Spòrs Gàidhlig, a tha air a ruith le Comunn na Gàidhlig, air taic fhaighinn bho thòisich e bho chionn 18 mìosan oir tha sinn ag aithneachadh mar a tha spòrs a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig agus air an luach a thig an cois sin. Chaidh am maoinachadh tùsail againn a thoirt seachad gus am pròiseact a stèidheachadh agus bha ar maoinachadh às dèidh sinn airson uidheam a-mhàin. Gu ruige seo, tha Bòrd na Gàidhlig air còrr is £60k a thoirt don phròiseact.

“Tha Bòrd na Gàidhlig agus Comunn na Gàidhlig air a bhith ann an còmhraidhean mu mhaoineachadh a bharrachd airson a' phròiseict. Tha am bòrd taiceil a thaobh a bhith a' toirt seachad maoinachadh a bharrachd agus

---

<sup>1</sup> <https://www.gaidhlig.scot/statement-on-spors-gaidhlig/>

bha feum againn air barrachd mion-fhiosrachaidh a thaobh ionmhas agus air ro-mheasaidhean a bharrachd gus seo a thoirt air adhart. Tha Bòrd na Gàidhlig fhathast deònach leantainn air adhart le còmhraidhean ann an co-obrachadh le Comunn na Gàidhlig agus com-pàirtichean maoineachaidh eile mu na tha an dàn don phròiseact Spòrs Gàidhlig.”